

àrainneachd ghlan

fiosrachadh mu Thruailleadh bho Mhalairt

am fiosrachadh gu lèir a tha dhìth ort mu chosg a chur air **truailleadh agus dùnadh-a-steach** bho chidsinean malairteach

Dè tha dol sìos na drèanaichean agad?

Tha e gu math furasta drèanaichean bho chidsinean malairteach a bhith air an dùnadh-a-steach le ola, saill agus biadh. Faodaidh seo tuiltean adhbharachadh ann an chidsinean agus ann an àiteachan eile le uisge salach nach gabh sìoladh air falbh. Gun teagamh tha an obair gus dùnadh-s-steach agus an milleadh na lùib a ghlanadh gu math cosgail - mar sin 's math as fhiach an cunnart gun tèid dùnadh-a-steach am mìosad a lùghdachadh sa chiad dol-a-mach.

Ciamar a bhios an rud a' tachairt?

Fàsaidh saill a ghlanar far phraisean agus truinnsaran nas motha ann an sàibhear, beag is beag. Tha ola ag adhbharachadh dùnadh-a-steach ann an sàibhear cuideachd seach gun cruadhaich i san t-sàibhear. Cuiridh fuigheall de bhiadh sam bith a ghlanar sìos an sinc ris an duilgheadas cuideachd.

Cò tha an urra ris? Tha thu fhèin!

Ma tha an drèana ann an taigh prìobhaideach no ann an aitreabh gnìomhachais, feumaidh an fheadhainn aig a bheil iad no a tha a' fuireach nam broinn pàigheadh gus an dùnadh-a-steach a ghlanadh. Ma tha an dùnadh-a-steach ann an sàibhear poblach, thèid a ghlanadh an uair sin le Uisge na h-Alba.

Faodaidh a bheith a' glanadh sàibheir a tha air a dhùnadh suas a bhith gu math cosgail, seach gur dòcha gum feumte an sàibhear a chladhach agus fear ùr a chur na àite. Ma gheibhear a-mach gur h-e taigh-bidhe, bùth-bhidhe no gnìomhachas sam bith eile as coireach ris an dùnadh-a-steach, gheibh sinn a' chosgais an lùib a bhith a' glanadh suas gu dìreach bhuapa fhèin. Faodaidh seo a bhith eadar beagan cheudan not agus barrachd is £1000.

Chan eil duine sam bith ag iarraidh pàigheadh gus sàibheir a ghlanadh. Bu chòir gun tuigeadh an luchd-obrach air fad ann an chidsinean malairteach dè tha aca ri dhèanamh gus nach bi drèanaichean air an dùnadh-a-steach. Ma ghabhas tu ris a' chomhairle shimplidh sa bhileig seo, nì e cinnteach nach adhbharaich thu dùnadh-a-steach.

An cuidich ribe-saille?

Faodaidh ribe-saille cuideachadh gus do chuid dhrèanaichean a dhìon bho ola agus bho shaill ach chan obraich i gu ceart mura dèan thu cinnteach às na rudan seo a leanas:

- Feumaidh an ribe-saille a bhith mòr gu leòr – co-dhiù dà uimhir meudachd nan sinc a bhios a' sìoladh a-steach innte.
- Bu chòir dhut an ribe a ghlanadh bho shaill gu cunbhalach. A rèir cleachdaidh dh'fhaodadh seo a bhith dhith turas san t-seachdain no turas sa mhìos. Bu chòir an t-saill a chur ann gabhadan mòr sgudail no ann an tasgaidh gus an tèid a togail. An dèidh dhut a ghlanadh, bu chòir dhut an ribe a lìonadh a-rithist le uisge fuar air neo chan obraich i gu ceart.
- Na sruthlaich ribe-saille le uisge goil a-chaoidh – bidh seo a' putadh na saille air a glacadh a-mach, agus fuaraichidh agus cruadhaichidh i nas fhaide sìos sna drèanaichean agad.
- Ma tha nigheadair-shoithichean agad bu chòir dhut dèanamh cinnteach nach siol an fhuigheall uisge à seo tron ribe-saille. Tha an t-uisge ann an nigheadairean-shoithichean cho teth 's gum bi e a' leaghadh ann an ribe, a' leigeil leis èaladh a-mach dhan t-sàibhear.

Fiù le ribe-saille agad, fhathast bi agad ri dhèanamh cinnteach nach dòirtear ola sìos an sinc a-chaoidh seach nach urrainn do ribeachan meud mhòr ola a ghleidheadh.

Ma tha thu den bheachd gu bheil feum agad air ribe-saille, nach cuir thu fios dhan **Loidhne-taice Luchd-cleachdaidh** againn air **0845 601 8855** agus iarr cuideachadh air duine air an Sgioba Gnè de Thruailleadh Malairteach.

Dè mu dheidhinn innealan-bogachaidh?

Bidh innealan-bogachaidh a' sgudadh bidhe na bhloighean beaga a shruthas sìos an drèana. Ach bidh iad cuideachd a' cur ri meud a' bhidhe 's na saille a bhios a' dol a-steach anns na sàibhearann agus bidh an cidsin agad nas buailtiche air dùnadh-a-steach adhbharachadh gu dìreach. Mar sin chan eil sinn a' moladh gun cleachdar innealan-bogachaidh bidhe ann an cidsinean.

Fiosrachadh do luchd-obrach chidsinean

Glanadh phraisean

Nuair a bhios praisean agus poitean air an glanadh, cha bu chòir fiù smodal beag ola a dhòrtadh sìos an sinc. Ba chòir ola no saill sam bith a dhòrtadh no a sgrìobadh ann an canastair an toiseach-gnothaich.

Fuigheall ola bho chanastairean bidhe.

Ma chleachdas tu biadh sam bith a tha air a thasgadh ann an ola (mar eisimpleir èisg, feòil no measan crainn-ola ann an canastairean), dèan cinnteach nach tèid an ola shìoladh a-steach ann an sinc. Siol a-steach ann an gabhadan i gus a ghleidheadh an tasgaidh agus a cur an dara taobh go slàn sàbhailte.

Biadh air a chaitheamh

Bu chòir smodal de bhiadh air a chaitheamh agus rùsg glasaich a chumail air falbh bho na drèanaichean. Faodaidh tu a' mheud a bhios ag èaladh air falbh sìos an sinc le bhith a' cur ghrèataichean os cionn fhàsagan. Dèan cinnteach gum bi fhios aig a h-uile duine nach bu chòir biadh air a chaitheamh (a' gabhail a-steach rus, rùsg glasaich, geir sgealbagan agus an leithid a' ghlanadh sìos an sinc ach a thogail agus a chur ann an soitheach-sgudail.

Na faigh cuidhteas ola-chòcaireachd a-chaidh le bhith ga dòrtadh sìos an sinc no ann an drèana.

Is e seo an dòigh as cumanta anns am bi dùnadh-a-steach saille a' tachairt. Bu chòir gum biodh fios air seo aig a h-uile duine a tha ag obair sa chidsin agad. Nuair a thòisicheas neach-obrach ùr sa chidsin feumar mineachadh dhaibh ciamar a chuireas iad ola agus saill an dara taobh gu ceart.

Cur ola agus saille an dara taobh gu slàn sàbhailte

Bu chòir ola agus saill air a caitheamh a chur ann an gabhadan iomchaidh a tha dìonach air àile agus a ghleidheadh a rèir slàinteachais. Na cuir seo a-mach a-chaidh gus a thogail le sgudal san dòigh àbhaistich seach gur dòcha gun spreadh e ann an inneal-teannachaidh a' charbaid.

Cuir fios dhan **Loidhne-taice Luchd-cleachdaidh** againn agus iarr Roinn nan Seirbheisean Caitheimh.

Air neo, faodaidh tu Companaidh Caitheimh Chlàraichte a chleachdadh, a thogas an ola agus an t-saill air a caitheamh. Thoir sùil sna Duilleagan Buidhe airson companaidh a tha san sgìre agad fhèin.

Faodar cruthan eile den bhileig seo a thoirt seachad an-asgaidh. Cuireadh luchd-cleachdaidh fòn-teacs a fios gu **0845 603 8855**.

Gus fiosrachadh fhaighinn mu Bhraille, clò mòr, teipichean-bhideo agus caochladh chànan eile, cuir fios gu **0845 606 8855**.

Thoiribh tarraing air a' chòd-iomraidh seo nuair a tha sibh a' cur fios thugainn **SWTECK 10/05**

Tuilleadh fiosrachaidh

Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth ort, cuir fios thugainn: ar fòn air an **Loidhne-taice Luchd-cleachdaidh** againn air **0845 601 855**, no air an lìon aig **www.scottishwater.co.uk** no ann an sgrìobhadh gu **Uisge na h-Alba, Bogsa 8855, Dùn Èideann, EH10 6YQ**

Cuir fios dhan **Loidhne-taic Èiginn** againn air **0845 600 8855** sa bhad gus èiginn a bhuineas do sholar uisge, drèanaichean no cunnart de thruailleadh a chur an cèill.